

---

## POILEASaidh Gàidhlig MG ALBA

---

'S e prìomh amas MG ALBA (ainm obrachaidh Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig) dèanamh cinnteach gun tèid roghainn fharsaing de dheagh phrògraman telebhisein sa Ghàidhlig a sgaoileadh gu daoine a tha a' còmhnaidh ann an Alba.

Is i a' Ghàidhlig prìomh chànan agus cànan-obrach MG ALBA agus tha e mar rùn daingeann aig MG ALBA cleachdadh na Gàidhlig adhartachadh mar chànan-obrach gnìomhachas telebhisean Gàidhlig. Tha dùil gun tèid a' Ghàidhlig a chleachdadh aig gach cothrom ann an obair MG ALBA agus nach tèid a' Bheurla a chleachdadh ach nuair a bhios seo deatamach. Ann an conaltradh poblach thèid taic eadar-theangachaidh a chuir gu feum mar a chithear iomchaidh gus an urrainn MG ALBA a bhith a' conaltradh gu èifeachdach le luchd-amais aig nach eil Gàidhlig.

Ann a bhith a' cur an rùn sin an cèill, tha iad seo am measg nam prìomh gnìomhan a thèid an cui an sàs:

- Thèid Gàidhlig a chleachdadh ann an àrainn oifisean agus stiùidiothan MG ALBA;
- Thèid Gàidhlig a chleachdadh aig coinneamhan Bùird, comataidh agus coinneamhan eile aig MG ALBA;
- Thèid gearr-chunntasan choinneamhan an gabhail sa Ghàidhlig;
- Thèid Gàidhlig a litreachadh a rèir molaidhean GOC3 (Gaelic Orthographic Conventions, 2009) anns a' chiad dol a-mach, agus an uair sin a rèir faclair Gàidhlig LearnGaelic air [www.learnghaelic.scot](http://www.learnghaelic.scot);
- Thèid gach oidhirp a dhèanamh luchd-obrach fhadthad le comasan Gàidhlig;
- Thèid leasachadh pearsanta a bhrosnachadh gu pragtaigeach, le trèanadh dha thairgse gus comasan cànan a thoirt air adhart.

Thèid am poileasaidh seo fhoillseachadh air làrach-lìn MG ALBA. Thèid am poileasaidh ath-sgrùdadh gach dàrna bliadhna aig a' char as fhaide agus ùrachadh mar a chithear iomchaidh.

Thèid lethbhreac dhen poileasaidh a thoirt do luchd-obrach agus do Bhuill a' Bhùird nuair a thòisicheas iad aig MG ALBA agus gach turas a thèid am poileasaidh ùrachadh; thèid an stiùireadh chun a' phoileasaidh gach turas a dh'èireas ceist mu chleachdadh chànanan le MG ALBA.

Thèid lethbhreac dhen poileasaidh a thoirt do chunnradairean, luchd-comhairleachaidh agus solaraichean mus tòisich iad ag obair le MG ALBA agus gach turas a thèid am poileasaidh ùrachadh; thèid an stiùireadh chun a' phoileasaidh gach turas a dh'èireas ceist mu chleachdadh chànanan le MG ALBA.



---

## PÀIPEAR-TAIC 1 – LÈIRSINN/RÙN/LUACHAN & AMASAN MG ALBA

---

### LÈIRSINN

- ✘ Gum bi na meadhanan Gàidhlig aithnichte fad is farsaing airson obair chruthachail, ùr-ghnàthach agus den ìre as àirde

### RÙN / MISSION

- ✘ Geallaidh sinn spionnadh agus brosnachadh a thoirt tron Ghàidhlig agus na Meadhanan
- ✘ A' toirt Gàidhlig thugaibh

### AR LUACHAN / VALUES

- ✘ 'S e ar luchd-amhairc ar spionnadh
- ✘ Tha sinn daonnan a' sireadh sàr-mhathas nar n-obair
- ✘ Tha sinn gar giùlain fhèin le ceartas, follaiseachd agus trèibhdhreas
- ✘ Tha sinn a' toirt urram is taic do chàch a chèile
- ✘ Tha co-obrachadh agus com-pàirteachas aig cridhe ar n-obrach
- ✘ Tha MG ALBA a' toirt prìomhachas don luchd-amhairc

### AMASAN 2016-2021

- ✘ Com-pàirteachas airson seirbheis craolaidh poblach nas ioma-chùiseach airson luchd-cleachdaidh na Gàidhlig
- ✘ Buaidh nàiseanta a choileanadh agus luach sòisealta agus cultarail a chruthachadh ann an Alba tro shusbaint Gàidhlig.
- ✘ Cur ri cumail suas agus leasachadh na Gàidhlig.
- ✘ Brosnachadh com-pàirt gnìomhach sna meadhanan Gàidhlig.
- ✘ Cruthaich luach eaconamach, a' gabhail a-steach obraichean
- ✘ Dèan cinnteach gu bheil susbaint nam meadhanan Gàidhlig air a sgaoileadh taobh a-muigh na h-Alba agus na RA

---

## **PÀIPEAR-TAIC 2 – CUIR AN CÈILL AM POILEASaidH GÀIDHLIG**

---

### **1. MODHANNAN OBRACH**

#### **1.1 Cànan MG ALBA**

'S i a' Ghàidhlig cànan-obrach MG ALBA, agus thèid a cleachdadh san àrainn oifisean agus stiùideothan MG ALBA agus nuair a thathas a' frithealadh àiteachan eile às leth MG ALBA.

#### **1.2 Coinneamhan MG ALBA**

Thèid a' Ghàidhlig a chleachdadh aig choinneamhan Bùird, comataidh agus coinneamhan eile aig MG ALBA. Aig coinneamhan le buidhnean eile far nach eil Gàidhlig aig a h-uile duine, thèid cànan eile a chleachdadh mar a chithear iomchaidh, ach thathas an dùil gum biodh na coinneamhan seo gu h-àbhaisteach air an cumail anns a' Ghàidhlig, le taic eadar-theangachaidh dhan fheadhainn aig nach eil i, agus nì MG ALBA a dìcheall an taic sin a chur air dòigh is gum bi e comasach a' Ghàidhlig a chleachdadh leis na daoine eile aig a bheil i.

#### **1.3 Coinneamhan poblach**

Thèid coinneamhan poblach a chumail anns a' Ghàidhlig. Thèid seirbheisean eadar-theangachaidh a chleachdadh far a bheil feum orra. Thèid sanasan coinneimh fhoillseachadh anns a' Ghàidhlig, agus gu dà-chànanach ma tha dùil ri daoine nach leugh a' Ghàidhlig. Thèid cànan obrach na coinneimh a dhèanamh soilleir ann am foillseachas dà-chànanach sam bith.

#### **1.4 Cunntasan choinneamhan**

Thèid geàrr-chunntasan a chumail anns a' Ghàidhlig airson coinneamhan MG ALBA – Bòrd, comataidh is eile. Airson coinneamhan le buidhnean eile far nach eil Gàidhlig aig a h-uile duine, thèid geàrr-chunntasan a chumail anns a' Ghàidhlig, le eadar-theangachadh no geàrr-iomradh anns a' Bheurla, no cànan eile a chaidh a chleachdadh, a rèir an t-suidheachaidh.

#### **1.5 Pàipearan coinneimh**

Thèid pàipearan fhoillseachadh anns a' Ghàidhlig.

### **2. CONALTRADH**

#### **2.1 Sgrìobhadh**

Thèid stuth sgrìobhte a tha ri nochdadh anns a' Ghàidhlig a sgrìobhadh anns a' Ghàidhlig an toiseach, le eadar-theangachadh gu Beurla na chois airson stuth a thèid fhoillseachadh gu dà chànanach. Thèid stuth sgrìobhte a tha ri nochdadh ann am Beurla a-mhàin a sgrìobhadh anns a' Bheurla an toiseach.

#### **2.2 Ath-leughadh**

Thèid ath-leughadh a dhèanamh air teacsa Gàidhlig sam bith mus tèid a chur am follais gu poblach, gus ìomhaigh na Gàidhlig agus MG ALBA airson cunbhalachd is grinneas cànan a chumail suas.

#### **2.3 Brathan-naidheachd**

Thèid fios a leigeil chun nam meadhanan Gàidhlig anns a' Ghàidhlig gu h-aon-chànanach, no gu dà-chànanach le prìomhachas aig a' Ghàidhlig mar a chithear iomchaidh. Thèid fios a leigeil chun nam meadhanan Beurla gu dà-chànanach.



#### **2.4 Sanasachd**

Thèid sanasan as leth MG ALBA fhoillseachadh sa Ghàidhlig a-mhàin, no gu dà-chànanach le prìomhachas aig a' Ghàidhlig.

#### **2.5 Foirmean**

Thèid foirmean is ceisteachain a tha air an cruthachadh le buidhnean eile a lìonadh ann an cànan nan ceistean. Ma tha taghadh de chànanan ann, cleachdar a' Ghàidhlig ma tha i nam measg. Thèid foirmean is ceisteachain a tha air an cruthachadh le MG ALBA fhoillseachadh sa Ghàidhlig a-mhàin, no gu dà chànanach ach le prìomhachas aig a' Ghàidhlig airson roghainn a thoirt gu luchd-freagairt aig nach eil comas sgrìobhadh na Gàidhlig.

#### **2.6 Conaltradh le buidhnean eile**

Ann a bhith a' conaltradh às leth MG ALBA, sgrìobhar anns a' Ghàidhlig a-mhàin gu buidhnean aig a bheil poileasaidh Gàidhlig no plana Gàidhlig, gu buidheann aig a bheil e mar phoileasaidh brathan anns a' Ghàidhlig a fhreagairt, gu buidhnean air am meas mar bhuidhnean Gàidhlig ach gun phoileasaidh aithnichte, agus gu daoine fa leth a tha air sgrìobhadh gu MG ALBA anns a' Ghàidhlig. Cumaidh MG ALBA clàr dhen fheadhainn a tha seo, gus an tèid aig MG ALBA air Gàidhlig a chleachdadh ann an conaltradh leotha. Ann an suidheachaidhean eile sgrìobhar mar a chithear iomchaidh.

#### **2.7 Cùmhnantan agus pàipearan laghail**

Faodar cùmhnant no pàipear sam bith eile aig a bheil seasamh no inbhe laghail a sgrìobhadh ann an Gàidhlig, Beurla no cànan(an) eile a rèir miann agus aonta nam pàrtaidhean a tha a' cur an ainmean ris, agus thèid a chur an cèill gu soilleir sa chùmhnant no sa phàipear fhèin de an tionndadh aig am bi ùghdarras ma dh'èireas ceist sam bith mu chiall no mìneachadh. 'S e rùn MG ALBA, ge-tà, a' Ghàidhlig a chleachdadh, agus thèid a' cheist seo a thogail leis gach neach leis a bheil MG ALBA a' dèiligeadh.

#### **2.8 Litreachadh**

Ann an sgrìobhadh às leth MG ALBA, thèid Gàidhlig a litreachadh a rèir molaidhean GOC3 (Gaelic Orthographic Conventions, 2009) anns a' chiad dol a-mach, agus an uair sin a rèir faclair Gàidhlig LearnGaelic air [www.learn Gaelic.scot](http://www.learn Gaelic.scot), ach far a bheil MG ALBA air co-dhùnadh a chlàradh dhan chaochladh, gus am bi stoidhle chunbhalach aig MG ALBA a bhios a rèir cleachdadh nan sgoiltean is nam prìomh fhoillsichearan Gàidhlig.

#### **2.9 Fàilteachas is fòn**

Cuirear fàilte air daoine a' tadhal air MG ALBA no a' fònachadh thuice le fàilte ghoirid anns a' Ghàidhlig. Leanaidh cànan(an) a' chòmhradh a rèir freagairt is cainnt an neach-conaltraidh.

#### **2.10 Soidhnichean**

Airson àrainneachd Ghàidhlig a dhaingneachadh, thèid soidhnichean air àrainn togalaichean MG ALBA a sgrìobhadh anns a' Ghàidhlig a-mhàin, le eadar-theangachadh Beurla no suaicheantasan nan cois ma bhios feum air stiùireadh a thoirt do dhaoine nach leugh Gàidhlig.



A' toirt Gàidhlig thugaibh

### **3. SGIOBA-OBACH**

#### **3.1 *Fastadh luchd-obrach***

Anns an àbhaist, bidh leughadh, sgrìobhadh, labhairt agus tuigsinn na Gàidhlig rin ainmeachadh mar sgilean riatanach anns a h-uile dealbh-obrach ùr no ùraichte aig MG ALBA, agus thèid mothachadh a dhèanamh air na sgilean seo ann a bhith a' fastadh luchd-obrach gun dealbh-obrach. Ma tha e riatanach neach fhadthaidh aig nach eil Gàidhlig bidh an neach fo chùmhnannt a' Ghàidhlig ionnsachadh ann an ùine a thèid aontachadh agus le taic MG ALBA.

#### **3.2 *Buill a' Bhùird***

Anns an àbhaist, bidh leughadh, sgrìobhadh, labhairt agus tuigsinn na Gàidhlig rin ainmeachadh mar sgilean riatanach airson Buill a' Bhùird.

#### **3.3 *Leasachadh pearsanta***

Thathas a' sùileachadh gum bi luchd-obrach MG ALBA a' sìor leasachadh an sgilean leughaidh, sgrìobhaidh, labhairt agus tuigsinn na Gàidhlig, agus thèid seo a bhrosnachadh gu pragtaigeach le MG ALBA.

#### **3.4 *Taic cànan***

Tha e air aithneachadh gum bi feum aig luchd-obrach MG ALBA air taic le sgilean leughaidh, sgrìobhaidh, labhairt agus tuigsinn na Gàidhlig, agus thèid goireasan a thabhann mu choinneamh sin. Thèid structar pearsanta a stèidheachadh gu foirmeil airson taic cànan do luchd-obrach sam bith le uireasbhaidhean susbainteach ann an gin de na sgilean gu h-àrd a bhios a' bualadh air an obair aca.

#### **3.5 *Trèanadh***

Thèid ionnsachadh is leasachadh ann an sgilean leughaidh, sgrìobhaidh, labhairt agus tuigsinn na Gàidhlig am meas mar thrèanadh a tha feumail do dh'obair gach neach-obrach aig MG ALBA.

#### **3.6 *Cunradairean agus luchd-comhairleachaidh***

Thèid iarraidh air cunradairean agus luchd-comhairleachaidh air an coimiseanachadh le MG ALBA gu cunbhalach Gàidhlig a chleachdadh, ma tha Gàidhlig aca, ann an conaltradh le MG ALBA.

#### **3.7 *Riochdairean phrògraman***

Thèid iarraidh air riochdairean phrògraman air am maoinachadh le MG ALBA a bhith mothachail air miann MG ALBA gun tèid a' Ghàidhlig a chleachdadh bho thoiseach gu crìoch ann an obair-riochdachaidh phrògraman, agus thèid iarraidh orra dearbhadh gur i a' Ghàidhlig chànan obrach ionadan nan riochdairean fhèin.

#### **3.8 *Solaraichean eile***

Thèid iarraidh air solaraichean a bhios a' toirt seachad bathar no seirbheisean do MG ALBA gu cunbhalach Gàidhlig a chleachdadh, ma tha Gàidhlig aca, ann an conaltradh le MG ALBA.